



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Bhòtadh agus Pàrlamaid na h-Alba

Bheir a' bhileag seo fios air clàradh-
bhòtaidh, na tha na lùib, is mar a bhios
do bhòt a' cunntadh.





An robh fhios agad...?

Thèid taghaidhean
Pàrlamaid na h-Alba a
chumail 5 Cèitean 2011.

Cuideachd bidh referendum
thar na Rìoghachd
Aonaichte air siostam-
bhòtaidh Pàrlamaid na RA
5 Cèitean 2011.

i

'S e th' ann an referendum
bhòt san iarrar air daoine
gabhail no gun gabhail ri
moladh neo beachd.

Carson a bhòtas mi?

Nuair a bhòtas tu, tha thu a' bhòtadh airson nan daoine a tha thu ag iarraidh a bhith a' riochdachadh do sgìre sa Phàrlamaid - na Buill agad ann am Pàrlamaid na h-Alba (BPAan).

Tha 129 BPA taghte ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Aig taghadh Pàrlamaid na h-Alba tha dà bhòt aig gach neach-bhòtaidh - airson ball sgìreil agus ball roinneil.

Tha cothrom aig gach neach-bhòtaidh buaidh a thoirt air cò a ruitheas Alba, oir is e am pàrtaidh as motha (no co-bhanntachd de phàrtaidhean) aig am bi an cothrom Riaghaltas na h-Alba a chur ri chèile.



Dè bhios Pàrlamaid na h-Alba a' dèanamh?

Faodaidh Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh a bheir buaidh air raon farsaing de ghnothaichean dachaigheil, no cùisean tiomnaichte. Nam measg tha slàinte, foghlam, ceartas is taigheadas. Cuideachd nì i sgrùdadh air obair Riaghaltas na h-Alba, a tha cunntachail dhi.

Dè bhios Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh?

Tha uallach air Riaghaltas na h-Alba polasaidhean a chur ri chèile 's a chur an gnìomh mu chùisean fèin-riaghlaidh. Tha an Riaghaltas cunntachail don Phàrlamaid airson a cho-dhùnaidhean.

Cò tha gam riochdachadh am Pàrlamaid na h-Alba?

Tha gach neach an Alba air a riochdachadh le BPA sgìreil is seachd BPAan roinneil. Aig taghadh Pàrlamaid na h-Alba tha dà bhòt aig gach neach-bhòtaidh – fear airson na sgìre-phàrlamaid aca agus fear eile airson na roinne.

Am faod mi bhòtadh? Cò as urrainn bhòtadh?

Faodaidh neach sam bith aig a bheil ainm air clàr-bhòtaidh riaghaltais ionadail bhòtadh. Airson a bhith air a' chlàr seo 's a bhith comasach bhòtadh feumaidh tu a bhith:

- aois 18 no barrachd air latha an taghaidh
- a' còmhnaidh san RA, sa Cho-Fhlaitheas no san Aonadh Eòrpach
- a' fuireach aig seòladh ann an Alba

Tha mi sna feachdan thall thairis. Am faod mi bhòtadh?

Faodaidh. Faodaidh daoine a bhios nan còmhnaidh an Alba ach a tha thall thairis am feachd Bhreatainn cuideachd a bhith air an cunntadh air a' chlàr-bhòtaidh.



Chan eil seòladh stèidhichte agam an-dràsta. Am faod mi bhòtadh?

Faodaidh. Faodaidh daoine aig nach eil seòladh stèidhichte clàradh airson bhòtadh le bhith a' cleachdadh dearbhadh rùn ionadail (*declaration of local intention*).

Bidh mi air falbh air latha an taghaidh. Am faod mi bhòtadh fhathast?

Faodaidh. Ma bhios tu air falbh air latha an taghaidh, faodaidh tu bhòtadh le post no procsaidh. Gheibh thu comhairle air seo aig an oifis-chlàraidh ionadail agad.

Ciamar a nì mi clàradh-bhòtaidh?

Feumaidh tu a bhith air a' chlàr-bhòtaidh gus bhòtadh ann an taghadh no referendum san RA. Gheibh thu a-mach far a bheil d' oifis-chlàraidh ionadail le bhith a' cleachdadh na làraich-lìn About my vote (www.aboutmyvote.co.uk) no le bhith a' cur fios gu do chomhairle ionadail.

Cò air a bheil dleastanas Taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba?

'S e gnothach glèidhte a tha ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba agus, mar sin, buinidh poileasaidh is reachdan nan taghaidhean seo ri Riaghaltas is Pàrlamaid na RA. Taobh a-staigh Riaghaltas na RA, 's ann air Rùnaire na Stàite airson na h-Alba a tha uallach cumail is maoineachadh taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba.

Dè th' ann an Coimisean an Taghaidh?

'S e Coimisean an Taghaidh buidheann neo-eisimeileach a chuireadh air bhonn aig Pàrlamaid na RA. Gabhaidh a ròl a-steach clàradh phàrtaidhean poilitigeach agus ìre modh thaghaidhean. Cuideachd tha uallach air Coimisean an Taghaidh dèanamh cinnteach gun tuig daoine carson a tha e cudromach clàradh airson bhòtadh agus fios a bhith aig daoine ciamar a nì iad bhòtadh. Gheibh thu tuilleadh fios air an làrach-lìn aca (www.electoralcommission.org.uk) no fòn 0131 225 0200.



Dè am pàirt a tha aig mo chomhairle ionadail?

'S ann air ùghdarrasan ionadail (comhairlean) a tha uallach taghaidhean a ruith san sgìre aca. Mar phàirt den phròiseas seo tha cur ri chèile liosta de na daoine a dh'fhaodas bhòtadh a tha clàraichte taobh a-staigh gach ùghdarras ionadail. Theirear Clàr an Luchd-Bhòtaidh no An Clàr-Bhòtaidh ris an liosta seo ach cuideachd ainmichear e mar Rola an Luchd-bhòtaidh.

i

Gu laghail, feumaidh ionadan-bhòtaidh a bhith furasta ruigsinn do chiorramaich. Bruidhinn ri d' oifis-chlàraidh ionadail airson tuilleadh fios.

Ciamar a nì mi bhòtadh?

San RA, tha trì dòighean eadar-dhealaichte ann. Tha e an urra riut fhèin, agus faodaidh tu an dòigh as fhasa dhut fhèin a thaghadh.

Faodaidh tu bhòtadh:

- aig ionad-bhòtaidh thu fhèin air latha an taghaidh
- le post
- le procsaidh - seo nuair a nì cuideigin air do shon e

Cuin is càite a bhòtas mi?

Mas math leat bhòtadh le post no procsaidh, feumar seo a chur air dòigh ro-làimh le bhith a' bruidhinn ri d' oifis-chlàraidh ionadail.

Ma tha thu clàraichte 's gun dèan thu fhèin e, gheibh thu cairt-bhòtaidh air a bheil seòladh d' ionad-bhòtaidh agus na h-uairean-fosgaidh. Bidh na h-ionadan-bhòtaidh fosgailte air 5 Cèitean 2011 bho 7m gu 10f.



Dè nì mi aig an ionad-bhòtaidh?

Aig an ionad-bhòtaidh, thèid do stiùireadh gu deasg, far an iarr clàrc-bhòtaidh d' ainm is do sheòladh, no do chairt-bhòtaidh. An uair sin thèid na pàipearan a tha a dhìth ort a thoirt dhut airson bhòtadh.

Ma dh'fhaighnicheas tu, mìnichaidh na clèirich ciamar a lìonas tu na pàipearan-bhòtaidh fa leth. Bidh fios ann air bùird air a' bhalla. Tha e an urra riut fhèin , ge-tà, an duine dhan bhòt thu a thaghadh.

Carson a tha dà bhòt agam ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba?

Airson 's gu bheil thu air do riochdachadh leis an dà chuid BPA sgìreil agus BPAan roinneil.

Do bhòt sgìreil

Tha aon de na bhòtaidhean ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba airson 's gun tagh thu cuideigin bho na tagraichean a tha a' seasamh nad sgìre-phàrlamaid. 'S e an neach a gheibh an àireamh as motha de



bhòtaichean a bhuannaicheas suidhe na sgìre-phàrlamaid. Gu h-iomlan tha 73 dhiubh seo ann.

Do bhòt roinneil

Tha an bhòt eile airson pàrtaidh poilitigeach, no tagraiche a tha a' seasamh fa leth, taobh a-staigh ceàrnaidh-bhòtaidh nas motha, roinn-Phàrlamaid na h-Alba. Tha ochd roinnean ann, is seachd suidhe sa Phàrlamaid aig gach tè. Às gach roinn, bheirear suidhe do na pàrtaidhean a rèir àireamh nam bhòt a gheibh iad sa bhaileat roinneil seo, cuideachd a' gabhail a-steach àireamh nan suidheachan sgìreil a bhuannaicheas iad san roinn. 'S e a theirear ris na buill a thaghar airson na 56 suidhe a bharrachd ach BPAan roinneil.

i

Tha do dhà bhòt ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba a' cunntadh - cuidichidh iad ann a bhith ag ràdh cò a bhios ann mar BPA.



Thèid Pàrlamaid na h-Alba a sgaoileadh mu mhìos ron taghadh, agus sguiridh BPAan a bhith mar Bhuill Pàrlamaid na h-Alba aig an àm seo. Faodaidh iad cumail orra leis an obair a thòisich roimhe seo, ach chan fhaod iad obair ùr a ghabhail os làimh air sgàth an roinnean aig an àm. An àite seo, ma thig buill den phobal a dh'iarraidh an cuideachaidh ri linn an sgaoilidh, dh'fhaodadh iad dèiligeadh ris a' cheist sin nan ròl mar thagraiche no ro-thagraiche.

i

Am bi referendum air an aon latha ri taghadh Pàrlamaid na h-Alba?

Bidh. An 2011, thèid iarraidh ort cuideachd bhòtadh ann an referendum mu mholaidhean gus siostam-bhòtaidh Pàrlamaid na RA atharrachadh.

Dè th' ann an referendum 's ciamar a dh'obraicheas sin?

'S e th' ann an referendum bhòt air cuspair sònraichte. Bidh an referendum air 5 Cèitean mu mholaidhean gus siostam-bhòtaidh Taigh nan Cumantan ann am Pàrlamaid na RA atharrachadh. Bu chòir dhut nochdadh a bheil thu ag aontachadh gus nach eil le bhith a' cur X sa bhogsa a chuireas do bheachd an cèill.

Càite am faigh mi fios a bharrachd mu thaghadh agus bhòtadh Pàrlamaid na h-Alba?

Tha làrach-lìn About my vote, air a ruith le Coimisean an Taghaidh, ag innse mu chlàradh-bhòtaidh, bhòtadh, agus msaa. Faic www.aboutmyvote.co.uk no fòn 020 7271 0500.

Bidh Coimisean an Taghaidh a' cur fios mun taghadh 's mun referendum gu gach teaghlach an Alba san earrach 2011. An lùib seo bidh treòrachadh air ciamar a lìonar na pàipearan-baileit.

Gheibhear tuilleadh fios mu mar a thaghar BPAan air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba no le bhith a' bruidhinn ri Fiosrachadh a' Phobaill, mum bi fios aig deireadh na bileige seo.



Ciamar a gheibh mi a-mach cò tha a' seasamh san taghadh?

Chan eil tobar oifigeil ann de gach tagraiche a tha ann, ach gheibhear mion-fhiosrachadh sna meadhanan agus dh'fhaodadh tu coimhead air làraichean-lìn nam pàrtaidhean no nan tagraichean, no sgrìobhadh thuca. Aon uair 's gu bheil ainm gach tagraiche cuirte a-staigh agus an gnothach dùinte, bidh ainmean na feadhna bhon sgìre agadsa rim faotainn bho do chomhairle ionadail.

Ciamar a gheibh mi a-mach cò na BPAan agam an dèidh an taghaidh?

Aon uair 's gu bheil toradh an taghaidh dearbhte, gheibh thu fios mu na BPAan taghte air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba no aig Fiosrachadh Poblach (gheibhear gach fios aig deireadh na bileige seo). Gheibh thu ainmean nan 8 BPA a tha gad riochdachadh le bhith a' cur do chòd-phuist mar theacs gu 07786 209888.

Airson barrachd fios mu Phàrlamaid na h-Alba, mu na buill, gnothaichean agus dòighean-obrach aice, **bruidhinn rinn**.



Seòladh

Fiosrachadh a' Phobail
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP



Fòn

0800 092 7500

0131 348 5000

Fòn

0131 348 5395 (Gàidhlig)

Faodaidh luchd-cleachdaidh fòn-teacs a bruidhinn rinn air 0800 092 7100. Cuideachd, gabhar ri brathan-fòn air seirbheis Text Relay.



Teacs 07786 209888



Post-d gaidhlig@scottish.parliament.uk



Làrach-lìn www.parlamaid-alba.org

Bruidhinn rinn ma tha am fios seo a dhìth ann an cruth eile, leithid Braille, clò mòr no cruth-claistneach, air neo ann an cànan eile.

Chan eil Pàrlamaid na h-Alba an urra ris an fhiosrachadh air làraich-lìn eile.



Còraichean na Pàrlamaid © Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba 2010.
A' Chiad Chlò-Bhualadh, Dùbhlachd 2010.

Clò-bhuailte san RA air pàipear pròinnteach a fhuair aithneachadh o choilltean leantainneach air an deagh-ghiùllachd, agus a ghabhas ath-chleachdadh gu tur.